

# Buannaich

Bha Calum a' coiseachd sìos an t-straigh ag èisteachd ris an iPod aige. Bha e a' coimhead air na brògan seann donn aige far an robh aon no dhà tollaichean mòra aig na ordagan agus aig bonn a bhròg. Thuir a h-uile duine gun bu chòir dha brògan ùra fhaighinn ach 's e brogan fortanach a bh'annta agus bha Calum a' coiseachd annta a h-uile turas a bha rèis mòr faisg. Thòisich an t-uisge ach b'è dìreach boinnean beaga a bha a tuiteam. Chuir e air an geansaidh aige agus thòisich e a' ruith dhaichaigh. Gu h-obann nuair a thionndadh e oisean thuit e gu an làr. Bha e a' faireachdainn piann uabhasach anns a chàs. Thàinig cuideigin suas ris, dh'fheuch Calum ri faighneach airson cuideachadh ach dìreach sheas an duine an sin a' coimhead air. Nuair a ghluais an duine a-rithist chuir e an làimh a-steach san seacaid mòr aige agus thug e a-mach gunna. Chuir an duine an gunna ri ceann Calum. 'S e na sùilean uaine dorch agus an sròn fiar aige na rudan mu dheireadh a chunnaic Calum nuair a chaidh an gunna dheth. Uabhasach luath, thug an duine suath a-mach às a pocaid aige agus ghlan e an gunna. Chuir e an gunna ann an làimh Calum, mar sin bha e a' coimhead mar gun do rinn Calum e e fhèin. Nuair a bha a h-uile rud a' coimhead ceart gu leòr, ruith an duine air falbh.

Dà Sèachdain ro am murt.

“Dan, feumaidh tu a bhith nas luaithe na sin ma tha thu ag iarraidh a bhith nas fheàrr na Calum anns na Geammaichean a' Cho-fhlaitheais”, dh'eigh athair Dan, a bha cuideachd an coidse aige. Bha Dan a' tighinn thairis an loidhne agus bha e gu math sgìth, bha e threanadh dà no trì turas h-uile latha. As dèidh treannadh bha feum aige obair dhachaigh dhèanamh mar sin nuair a tha e deiseil a h-uile rud cha bhi uine aige airson dad eile a dhèanamh.

Bha Dan a' smaointinn ris fhèin, bhitheadh e fada nas fhasa mura robh Calum an seo agus 's e sin mar a thàinig e suas leis am beachd airson a' marabhadh Calum.

Chaidh Dan dhan leabhar-lan as deidh sgoil airson a' cleachdadh na computairean. Bha e ag iarraidh lorg a-mach cò eile a bha dol a-steach dhan rèis agus càite an robh iad fuireach, bha e a' coimhead airson cuideigin a dh'fhaodas cuideachadh leis a phròiseict aige. Mu dheireadh thall as dèidh

fichead mìonaid, lorg Dan cuideigin a bha freagarrach. Sgrìbh e sìos an post-dealan aige agus chaidh e dhachaidh airson barrachd obair-dhachaidh a dhèanamh.

An ath-làtha sheachnaich Dan sgoil, chaidh e dhan taigh aig Garry, an duine a bha dol ga chuideachadh. Bha e fuireach faisg, dh'fhaodadh e ruith an sin ach cleachd e an càr ùr aige. Bha e ann an pìos donna dhan bhàile, far a bheil eucoirean a' fuireach. Thàinig e suas gu taigh a bha meadhanach mòr nach robh a coimhead sabhailte, bha aon de na h-uinneagan briste agus bha mar deich glaisean air an doras. Bha còig-deug canichean leann am feur air beulaimh an taigh. Cha robh Dan uabhasach comhfhurtail an sin ach bha e ag iarraidh buannachadh an reis aig na Geamaichean, choisich e suas gun an doras agus gnoc e trì turasan. Sheas e an sin airson còig mionaidean, cha do fhreagair daoine e ach cha deach Dan air falbh. Bha fios aige gun robh Garry an sin, bha càr air beulaibh an taigh aige agus bha e a' cluintinn telebhisean anns an taigh air fuam ìseal. Gnoc e tòrr turasean a-nis agus ann an leth mìonaid dh'fhosgail cuideigean mòr an doras, bha feum aige crùbadh sìos rud beag airson faighinn a-mach an doras. Bha sùilean beag gorm aige agus falt uabhsach fada aige.

### Aon latha ro an murt

Thuir Garry gum bi e ceart gu leòr a' cuideachadh ach cha robh e ag iarraidh a tarraing an òrd-gunna. Mar sin bha feum agamsa ga dheanamh, bha mi faireachdainn rud beag iomagaineach ach 's e seo an aon dòigh a tha mi dòl a bhuanneachadh.

Chaidh mi gu leapaidh tragh or cha robh mi ag iarraidh bruidhinn ris m'athair, bha mi dol thàiris air na difor doighean a dh'fheadas mi a deanamh an murt san ceann agam gus an do caidail mi.

### Latha an Reis aig na Geamaichean a' Cho Fhlaitais

Bha mi air an loidhne leis a h-uile ruithadair eile, bha sin dol a thoisachadh ann an aon mìonaid nuair a thainig tòrr poileas dhan stadium. Choimhead mi air Garry ach dìreach rinn e gaire agus thuir e

“Duilich bha mi ag iarraidh buannachadh”